

## **An t-Seanail Ùr BBC Scotland**

Atharrachadh a thathar a' moladh air Cead Obrachaidh Ofcom airson seirbheisean poblach a' BhBC

**CONALTRADH:**

Ceann-là Foillseachaidh: 29 Lùnastal 2018

Ceann-là Dùnaidh airson Freagairtean: 10 Dàmhair 2018



## Mun sgrìobhainn seo

---

Tha an conaltradh seo a' sireadh bheachdan air na molaidhean againn cumhachan Cead Obrachaidh a' BhBC atharrachadh gus gabhail a-steach solar a' BhBC a thaobh na Seanail ùir BBC Scotland ("BBC SC"). Is e ceann-là dùnaidh nam freagairtean Diluain, 10 Dàmhair aig 5f.

# Clàr-innse

---

## Earrann

1. Ro-ràdh

# 1. Ro-ràdh

- 1.1 Tha Ofcom a’ cur dleastanas air a’ BhBC a mhisean<sup>1</sup> a libhrigeadh agus adhbharan poblach<sup>2</sup> a bhrosnachadh, a rèir is mar a tha sin air a chur sìos sa Chairt<sup>3</sup> aige. Is e aon de na dòighean anns am bi sinn a’ coileanadh seo a bhith a’ cur an cèill Cead Obrachaidh (an “Cead”) anns a bheil cùmhnantan reachdail a dh’fheumas am BBC a choileanadh. Chuir Ofcom a-mach a’ chiad Chead san Dàmhair 2017<sup>4</sup>.
- 1.2 San t-Samhain 2017, dh’fhoillsich am BBC molaidhean airson seanail telebhisean BBC Scotland (“BBC SC”). Ghabh Ofcom os làimh measadh farpais a’ BhBC– air ainmeachadh am “BCA” ann an seo – gus sgrùdadh a dhèanamh am biodh an luach phoblach a bhiodh an t-seanail ùr a’ tairgse a’ fireanachadh droch bhuidhe sam bith a dh’fhaodadh a bhith na lùib a thaobh farpais chothromach is èifeachdach. Air 26 Ògmhios 2018 dh’fhoillsich sinn ar co-dhùnadh<sup>5</sup> gum faodadh am BBC leantainn air adhart a’ cur na seanail ùir air chois.
- 1.3 Faodaidh Ofcom an Cead atharrachadh ach feumar bruidhinn ris a’ BhBC agus neach sam bith a tha sinn a’ meas iomchaidh<sup>6</sup>. Tha an Cead a’ gabhail a-steach cuotathan airson prògraman anns a bheil ùidh aig luchd-amhairc ann an Alba a dh’fheumas a bhith air an atharrachadh mar thoradh air an t-seanail ùr a bhith a’ tighinn, thathar an dòchas sa Ghearran 2018.
- 1.4 Tha sinn a’ sireadh bheachdan luchd-ùidh air na molaidhean againn gus cumhachan a’ Chead ùrachadh mar thoradh air BBC SC a bhith a’ tighinn agus mun dòigh sam bi sinn a’ tomhas dèanadas na seanail.

## Cùl-fhiosrachadh

### An t-Seanail BBC Scotland

- 1.5 Air 30 Samhain 2017 dh’fhoillsich am BBC a mholaidhean airson BBC SC na Dheuchainn Ùidh Phoblach, agus is e seo iad:

---

<sup>1</sup> Is e Misean a’ BhBC a bhith a’ coileanadh a rèir an ùidh phoblaich, a’ frithealadh an luchd-ùidh air fad tro bhith a’ solar an susbaint agus seirbheisean as cruthachail, de dh’àrd chàileachd agus suaicheanta a bhios a’ toirt seachad fiosrachadh, ag oideachadh agus a tha mar dhibhearsain; (Artaigil 5 den Chairt).

<sup>2</sup> Is iad na h-Adhbharan Poblach (1) Naidheachdan agus fiosrachadh neo-phàirteach a thoirt seachad gus daoine a chuideachadh ann a bhith a’ tuigsinn agus a’ dol an sàs san t-saoghal mun cuairt orra; (2) Taic a thoirt do ionnsachadh do dhaoine de gach aois; (3) A bhith sealltainn an susbaint agus seirbheisean as cruthachail, de dh’àrd chàileachd agus suaicheanta; (4) Gus sealltainn, riochdachadh agus seirbhiseachadh nan diofar choimhearsnachdan de nàiseanan is roinnean na Rìoghachd Aonaichte agus, ann a bhith a’ dèanamh sin, a bhith a’ toirt taic don eaconamaidh chruthachail air feadh na Rìoghachd Aonaichte, agus (5) Cultar agus luachan na Rìoghachd Aonaichte a chomharrachadh don t-saoghal (Artaigil 6 den Chairt).

<sup>3</sup> [https://assets.publishing.service.gov.uk/government/uploads/system/uploads/attachment\\_data/file/577829/57964\\_CM\\_9365\\_Charter\\_Accessible.pdf](https://assets.publishing.service.gov.uk/government/uploads/system/uploads/attachment_data/file/577829/57964_CM_9365_Charter_Accessible.pdf)

<sup>4</sup> Cead bonntaichte (Màrt, 2018) - [https://www.ofcom.org.uk/data/assets/pdf\\_file/0017/107072/bbc-operating-licence.pdf](https://www.ofcom.org.uk/data/assets/pdf_file/0017/107072/bbc-operating-licence.pdf)

<sup>5</sup> [https://www.ofcom.org.uk/data/assets/pdf\\_file/0016/115270/BBC-scotland-statement.pdf](https://www.ofcom.org.uk/data/assets/pdf_file/0016/115270/BBC-scotland-statement.pdf)

<sup>6</sup> [https://www.ofcom.org.uk/data/assets/pdf\\_file/0025/107089/procedures-bbc-operating-licence.pdf](https://www.ofcom.org.uk/data/assets/pdf_file/0025/107089/procedures-bbc-operating-licence.pdf)

- a) Thuir am BBC gum biodh an t-seanail ùr a' craoladh bho 7f gu meadhan-oidhche gach feasgar. Bhiodh an seanail a' craoladh simulcast BBC Two bho 12f gu 7f le cùisean ad hoc leithid stuth poilitigeach beò tron là (gu h-àraidh Ceistean a' Phrìomh Mhinistear) agus spòrs beò. Cha bhiodh barrachd air 150 uair sa bhliadhna ann den stuth seo tron là.
- b) Thigeadh an cleachdadh a bhith a' craoladh prògraman air leth air BBC Two ann an Alba gu ceann leis gum biodh iad air an craoladh air an t-seanail ùr. Bhiodh BBC Two air a chraoladh ann an Alba às aonais ro-aonta aig àireamh dhà air Freeview EPG.
- c) A rèir nam planaichean sin, tro na bun uairean eadar 7f agus meadhan-oidhche, bhiodh 50% de dh'uairean mar chiad sealladh de phrògraman ùra agus feadhainn air am faotainn a-steach agus bhiodh 50% mar ath-sheallaidhean.
- d) Bhiodh buidseat na seanail dìreach os cionn £32 millean gach bliadhna, ged a bhiodh dearbh chosgais na seanail a rèir co-dhùnidhean a thaobh coimiseanadh agus clàran.
- e) Bhiodh an t-seanail ag obair ann an com-pàirteachas le seanailean telebhisein eile a' BhBC, gu sònraichte gus an cothrom a thoirt dha dràma agus comadaidh a shealltainn airson a' chiad uair, nam biodh sin ceadachta. Leigeadh sin leis an t-seanail amas a choileanadh raon farsaing de phrògraman a shealltainn anns am biodh ùidh aig luchd-amhairc ann an Alba.
- f) Bhiodh an t-solar a thaobh naidheachdan air an t-seanail is air-loidhne, ag amas air a bhith sònraichte, ùr-ghnàthasach agus ùr, agus a' còrdadh ris an luchd-amhairc a tha am BBC air a shònrachadh mar a bhith air am fo-sheirbhiseachadh, a' gabhail a-steach luchd-amhairc nas òige. Bhiodh e eadar-dhealaichte ris an tairgse bhon earrann choimeirsealta. Bhiodh prògram naidheachd, uair a thìde air a chraoladh gach feasgar tron t-seachdain aig 9f, anns am biodh sgeulachdan eadar-nàiseanta, RA agus nàiseanta air an lìbhrigeadh bho thaobh Albannach.
- g) An dèidh a Dheuchainn Ùidh Phoblach, dh'ùraich am BBC a mholadh gus simulcast HD den t-seirbheis a ghabhail a-steach.

- 1.6 Na fhreagairt<sup>7</sup> gu conaltradh Ofcom mar phàirt de phròiseas BCA, cho-roinn am BBC dealbh den phlana a bha aca a thaobh clàr BBC SC:
- 7f gu 8f – Farpais-cheist, sgeul modh-beatha agus ath-chraolaidhean.
  - 8f gu 9f – Ro àm sgarachdainn craolaidh, prògramadh firinneach.
  - 9f gu 10f – Naidheachdan Naoi Uairean.
  - 10f gu 11f – Dràma, firinneach, comadaidh, prògraman air am faotainn a-steach.
  - 11f gu Meadhan-oidhche – Susbaint ag amas air luchd-amhairc nas òige.
- 1.7 Air 26 Ògmhios 2018 dh’fhoillsich Ofcom a cho-dhùnadh (“Co-dhùnadh a’ BhCA”)<sup>8</sup> cead a thoirt dhan BhBC a dhol air adhart leis an t-seanail ùr mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd. Ann an Co-dhùnadh a’ BhCA thuir Ofcom gun robh sinn a’ sùileachadh gun toireadh BBC SC buaidh air a’ mhargaidh, agus gu sònraichte air seanailean craolaidh eile ann an Alba. Ach, bha sinn a’ creidsinn gum biodh droch bhuaidh sam bith air farpais chothromach is èifeachdach air fhìreanachadh leis an luach phoblach a libhrigeadh am moladh.
- 1.8 Bha Co-dhùnadh a’ BhCA aig Ofcom a thaobh na seanail ùir air a stèidheachadh air feartan BBC SC mar a chuirear an cèill gu h-àrd. Seach gur e seirbheis ùr a tha ann am BBC Scotland, feumaidh Ofcom an cead atharrachadh gu bhith a’ gabhail a-steach na seirbheis ùir. Chan eil na h-atharrachaidhean a tha sinn a’ moladh ris a’ Chead a’ dol nas fharsainge na scòp Co-dhùnadh a’ BhCA (ie tha sinn airson ’s gum bi an Cead a’ comharrachadh feartan a’ mholaidh air an deach beachdachadh sa BhCA).

## Cairt agus Aonta a’ BhBC

- 1.9 Tha Aonta Frèam-obrach a’ BhBC<sup>9</sup> (“An Aonta”) a’ cur uallaichean air Ofcom cùmhnantan cead sònraichte a chur air a’ BhBC, agus a’ toirt ùghdarras farsaing dhuinn airson a bhith a’ cur an sàs tuilleadh cùmhnantan riaghlaidh a bhiodh sinn am beachd iomchaidh airson iarraidh air a’ BhBC, ann a bhith a’ coileanadh Seirbheisean Poblach na RA, a bhith a’ coileanadh a’ Mhisein agus a bhith a’ brosnachadh Adhbharan Poblach, agus gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-amhairc ann an nàiseanan na RA air an deagh fhrithealadh<sup>10</sup>.

---

<sup>7</sup> [https://www.ofcom.org.uk/data/assets/pdf\\_file/0018/114381/BBC.pdf](https://www.ofcom.org.uk/data/assets/pdf_file/0018/114381/BBC.pdf)

<sup>8</sup> Faic fo-nota 5.

<sup>9</sup>

[https://assets.publishing.service.gov.uk/government/uploads/system/uploads/attachment\\_data/file/584329/57965\\_Cm\\_9366\\_Print\\_1.pdf](https://assets.publishing.service.gov.uk/government/uploads/system/uploads/attachment_data/file/584329/57965_Cm_9366_Print_1.pdf).

<sup>10</sup> Aonta Clàs 13.

- 1.10 Tha e a’ sònrachadh dà sheòrsa de phrògram mu feum Ofcom co-dhùnidhean a shuidheachadh: “prògraman lìonra” agus “prògram[an] de dh’ùidh nàiseanta no roinneil”<sup>11</sup>.
- 1.11 Is e “Prògraman Lìonra” prògraman a tha air an ullachadh airson am faicinn air gin sam bith de Sheirbheisean Poblach Telebhisean na RA, ach a tha a’ dubhadh a-mach prògraman a tha air an dèanamh dìreach mu aon de na nàiseanan no roinn sam bith de Shasainn.
- 1.12 Is e “Prògraman de dh’ùidh nàiseanta no roinneil” prògraman a rinneadh airson am faicinn air fiaraidhean de na seirbheisean sin a tha a’ buntainn ri nàiseanan na RA no roinnean Shasainn – mar eisimpleir, na sia<sup>12</sup> ro-aontan airson BBC One agus Two ann an Alba, A’ Chuimrigh, agus Eireann a Tuath – agus ùidh shònraichte aig na daoine a tha beò san nàisean no san roinn sin annta.
- 1.13 Chan eil an-dràsta ullachadh sam bith san Aonta airson seirbheisean telebhisein a tha sònraichte do dh’aon nàisean nach eil nan atharrachaidhean air seirbheisean lìonra eile. Fon Aonta, tha na prògraman air fad air BBC SC, air am mìneachadh mar “prògraman lìonra”, oir chan eil an t-seirbheis atharraichte bho Seirbheis Poblach Telebhisean na RA<sup>13</sup>.
- 1.14 Tha riatanasan sònraichte san Aonta airson gach seòrsa de phrògramadh.
- 1.15 Tha seirbheisean lìonra a’ tàladh cuid de riatanasan a’ gabhail a-steach cuid de chuotathan. Feumaidh Ofcom na riatanasan a tha sinn a’ meas “iomchaidh” a sheatadh gus dèanamh cinnteach:
- a) gu bheil “co-roinn iomchaidh” de na prògraman lìonra air fad air an dèanamh taobh a-muigh roinn M25;
  - b) gu bheil co-roinn iomchaidh de na prògraman lìonra air fad nam prògraman a tha air an dèanamh ann an Alba, A’ Chuimrigh agus Èirinn a Tuath;
  - c) gu bheil na prògraman lìonra a tha air an dèanamh taobh a-muigh roinn M25 (air fad) nan raon iomchaidh de phrògraman;
  - d) gu bheil co-roinn iomchaidh de na tha am BBC a’ cosg air prògraman lìonra co-cheangailte ri riochdachadh phrògraman aig ionadan riochdachaidh eadar-dhealaichte taobh a-muigh sgìre M25;
  - e) gu bheil co-roinn iomchaidh de na tha am BBC a’ cosg air prògraman lìonra co-cheangailte ri riochdachadh phrògraman aig ionadan riochdachaidh eadar-dhealaichte anns gach rìoghachd a leanas (i) Alba, (ii) A’ Chuimrigh, (iii) Èirinn a Tuath agus (iv) Sasainn (taobh a-muigh sgìre M25); agus tha na diofar ionadan riochdachaidh phrògraman a rèir Ofcom mar raon iomchaidh de dh’ionadan riochdachaidh<sup>14</sup>.
- 1.16 Feumaidh Ofcom cuideachd dleastanasan a chur air a BhBC gus dèanamh cinnteach:

---

<sup>11</sup> Faic Clàr-ama Aonta 2 paragrafan 6 agus 7.

<sup>12</sup> ie BBC One Scotland, BBC Two Scotland, BBC One Wales, BBC Two Wales, BBC One Northern Ireland, agus BBC Two Northern Ireland.

<sup>13</sup> Tha an reusanachadh seo cuideachd co-cheangailte ri BBC Alba.

<sup>14</sup> Clàr-ama Aonta 2 paragraf 7



- a) gu bheil àm gu leòr air a thoirt sna prògraman a tha ann an Seirbheisean Poblach na RA do cho-roinn iomchaidh de phrògraman (a' gabhail a-steach prògraman naidheachd) le ùidh nàiseanta no ionadail;
- b) gu bheil prògraman roinneil ann de dh'àrd chàileachd;
- c) gu bheil prògraman roinneil air an dèanamh san roinn iomchaidh;
- d) gu bheil prògraman naidheachd roinneil air an craoladh aig amannan eadar-dhealaichte agus aig prìomh amannan amhairc; agus
- e) gu bheil co-roinn iomchaidh de phrògraman roinneil eile air an craoladh aig prìomh àm amhairc agus air gach taobh dheth<sup>15</sup>.

1.17 Tha an Aonta ag iarraidh gum biodh ann a bhith a' suidheachadh cumhaichean riaghailteach gun toir Ofcom sùim shònraichte don fheum a tha ann am BBC a bhith a' daingneachadh solar susbaint agus seirbhisean suaicheanta, agus gur e aon fheart ann a bhith a' solar suaicheantas na bhios de shusbaint tùsail air a riochdachadh san RA.

## An Cead làithreach

- 1.18 Fon Chead làithreach, tha cuotathan ann airson BBC One agus BBC Two Scotland a thaobh prògraman lìonra agus prògraman le ùidh nàiseanta agus roinneil. San dàrna raon, a thaobh BBC One agus BBC Two air an gabhail còmhla, tha cumha 2.67 den Chead ag ràdh gu feum am BBC dèanamh cinnteach gach Bliadhna:
- a) gu bheil co-dhiù 6,300 hours air an cur ma seach airson prògraman le ùidh nàiseanta no roinneil;
  - b) gu bheil na prògraman sin a' gabhail a-steach raon iomchaidh de phrògraman (agus prògraman naidheachd roinneil);
  - c) gu bheil co-dhiù suas ri 95% de na prògraman sin nam prògraman a chaidh an dèanamh san nàisean no san roinn a thaobh nam prògraman sin a tha gu bhith mar phrògraman le ùidh nàiseanta no roinneil;
  - d) gu bheil co-dhiù 700 uair a thìde de na prògraman sin de phrògramadh nach eil mar naidheachdan aig a' Phrìomh Àm Amhairc<sup>16</sup> agus
  - e) gu bheil co-dhiù 280 uair a thìde de na prògraman sin de phrògramadh nach eil mar naidheachdan aig amannan dìreach ro no an dèidh a' Phrìomh Àm Amhairc.
- 1.19 A thuilleadh air sin, a thaobh BBC One Scotland agus BBC Two Scotland còmhla, tha cumha 2.79 den Chead ag ràdh gum feum am BBC dèanamh cinnteach gu bheil e a' tabhann raon de ghnèithean sa phrògramadh aige a tha mar sgàthan air cultar na h-Alba.

---

<sup>15</sup> Clàr-ama Aonta 2 paragraf 6

<sup>16</sup> Tha Prìomh àm amhairc air a mhìneachadh sa Chead Obrachaidh mar:

- (a) 18:00 gu 22:30 airson gach Seirbheis Poblach Telebhisean ach BBC Four;
- (b) 19:00 gu 24:00 airson BBC Four

- 1.20 A thaobh BBC Two Scotland, tha cumha 2.80 den Chead ag ràdh gu feum am BBC dèanamh cinnteach anns gach Bliadhna Ionmhais co-dhiù 200 uair a bhith air an cleachdadh airson prògraman nach eil a’ dèiligeadh ri naidheachdan, a’ gabhail a-steach susbaint Gàidhlig. Airson adhbhar an riatanais seo, tha “prògraman neo-naidheachd” a’ gabhail a-steach ath-chraolaidhean agus prògraman a thathar a’ faighinn a-steach, ach chan eil e a’ gabhail a-steach prògraman chùisean làithreach.
- 1.21 Tha Cumha 2.32 den Chead Obrachaidh a’ cur an cèill a’ cho-roinn as lugha de na riochdachaidhean tùsail a dh’fheumas a bhith air an gabhail a-steach ann an Seirbhisean Poblach Telebhisein na RA air am toirt mar cheudad de na h-uairean den phrògramadh air fad. Mar eisimpleir, is e an co-roinn as lugha airson BBC One, BBC Two agus BBC Alba 75% (ag èirigh gu 90% mar cheudad de na h-uairean den phrògramadh air fad aig an Àm Amhairc as Motha air BBC One agus BBC Two).
- 1.22 Tha Cumha 2.33 gu 2.36 a’ cur an cèill cuotathan airson cuid de sheanailean a’ BhBC air ciad-shealladh stuth cruthaichte san RA.

### **Na h-atharrachaidhean a tha sinn a’ moladh air Cead Obrachaidh a’ BhBC**

- 1.23 Tha sinn a’ moladh an Cead atharrachaidh ann an còig dòighean:
- cur an cèill mar bu chòir dèiligeadh ri prògramadh BBC SC agus BBC Alba a thaobh nan riatanasan ann a bhith a’ dèanamh prògraman sna nàiseanan agus roinnean;
  - cur an cèill mar bu chòir dèiligeadh ri prògramadh a tha air a bhith air a cho-chòimiseanadh le seirbhisean eadar-dhealaichte den BhBC a thaobh a bhith a’ beachdachadh air cuotathan;
  - gach iomradh air seirbheis ro-aonta BBC Two Scotland a thoirt a-mach às a’ Chead;
  - far a bheil e iomchaidh cuid de uallachaidhean seirbheis ro-aonta BBC Two Scotland a ghleidheadh ach an cur ri BBC SC; agus
  - riatanas a bharrachd a thaobh a’ Chead a chur air BBC SC ann an riochd riatanas a thaobh naidheachdan aig Prìomh Àm Amhairc.

Tha sinn air na h-atharrachaidhean a tha sinn a’ moladh a thaobh a’ Chead a mhìneachadh ann am paragrafan 2.3 gu 2.33 den sgrìobhainn conaltraidh air fad.

- 1.24 Tha an sgrìobhainn cuideachd a’ dèiligeadh ri dà chùis co-cheangailte eile. Gu sònraichte, tha sinn:
- a’ mìneachadh nan tomhasan dèanadais a chleachdas Ofcom gus coileanadh BBC SC a mheasadh; agus
  - a’ cur an cèill mar a mheasas sinn coileanadh BBC Two Scotland a rèir a’ Chead gus cunntas a ghabhail gum bi e air a chur dheth tron bhliadhna coileanaidh.

## Na h-Ath Cheumannan

- 1.25 Dùnaidh an conaltradh seo air 10 Dàmhair 2018. Tha sinn an dùil aithris fhoillseachadh leis a' cho-dhùnadh deireannach againn mu na roghainnean gu h-àrd mu thoiseach 2019 ron àm a tha sinn am beachd seanail ùr a' BhBC a chur air chois sa Ghearran 2019.
- 1.26 Dèiligidh sinn ris na beachdan air fad mar nach eil iad dìomhair agus is dòcha gun tog sinn iad sa phìos a dh'fhoillsicheas sinn, mur iarr daoine a chaochladh. Bu chòir do luchd-freagairt càil sam bith a tha iad airson a chumail dìomhair a chur ann am fo-sgrìobhadh air leth, a' mìneachadh carson a tha iad gam meas dìomhair. Faic Fo-sgrìobhadh Trì airson tuilleadh fiosrachaidh mu bhith a' cur freagairt a-steach mun chonaltradh seo.